

Tuairisgeul Obrach



Dreuchd:	Oifigear Leasachaidh (Tidsearan)
Fo stiùir:	Stiùiriche Foghlaim
Tuarastail:	B2: £31,226 - £35,813
Stèidhichte:	Subailte

Co-theacsa

'S e Buidheann Phoblach Neo-roinneil Ghnìomhach a th' ann am Bòrd na Gàidhlig (am Bòrd) a chaidh a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. 'S e a' phrìomh bhuidheann ann an Alba le uallach airson leasachaidhean Gàidhlig a chur air adhart agus gus comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba air cùisean Gàidhlig, a' gabhail a-steach foghlam na Gàidhlig.

'S e àrd-amas a' Bhùird, gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh fad is farsaing mar phàirt bunaitich de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.

Tha tòrr de dh'obair a' Bhùird co-cheangailte ri bhith a' dealbh Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig agus a' cumail sùil air coileanadh a' phlana sin, bidh e cuideachd a' cuideachadh le bhith dealbh nam Planaichean Gàidhlig aig buidhnean eile agus le bhith a' sgrùdadh coileanadh nam planaichean sin.

Tha Bòrd na Gàidhlig ag obair gus Gàidhlig a chur air adhart ann an co-bhonn ri Riaghaltas na h-Alba, Ùghdarrasan Ionadail, Buidhnean Poblach, buidhnean com-pàirteach, agus coimhearsnachdan. Sa Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23 's e ionnsachadh aon de na trì prìomh raointean leasachaidh, agus tha na cothroman is dùbhlain a th' ann a thaobh a bhith a' toirt fàs air foghlam is ionnsachadh na Gàidhlig air am mìneachadh gu soilleir sa Phlana.

Tha dleastanasan foghlaim reachdail air Bòrd na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016.

Adhbhar na h-Obrach

Tha an dreuchd seo air a mhaoineachadh a dh'aona-ghnothach le Riaghaltas na h-Alba agus tha e an urra, aig ìre nàiseanta, ris an neach-dreuchd seo ro-innleachd thrusaidh iomlan a chur air adhart agus a chur an gnìomh gus daoine le Gàidhlig a thàladh gu bhith nan tidsearan Gàidhlig agus an gleidheadh. Bidh an neach-dreuchd ag obair a dh'ionnsaigh a bhith a' toirt na Ro-innleachd Nàiseanta airson Foghlaim Ghàidhlig gu buil agus mar phàirt den Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig bidh sibh a' cur air adhart cothroman ann an teagasg do thidsearan tron Ghàidhlig.

Prìomh Chinn-uidhe

1. Adhartas a dhèanamh a dh'ionnsaigh targaidean airson Foghlam tron Ghàidhlig, a tha aig cridhe na cùise nuair a thig e gu bhith a' libhrigeadh a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig.

-
2. Iomairtean agus sgeamaichean a chur an gnìomh airson a bhith a' trusadh thidsearan a chuireas ris na cinn-uidhe seo sa mheadhan-ùine agus san ùine fhada.
 3. A' piobrachadh is a' brosnachadh dhaoine gu bhith a' roghnachadh dreuchd mar thidsear ann am Foghlam tron Ghàidhlig no dreuchd eile far an cleachd iad Gàidhlig.
-

Dleastanasan Sònraichte

Thathar an dùil gun coilean an neach san dreuchd seo obair no dleastanasan sam bith a tha gu reusanta air am meas a bhith nam pàirt de dh'adhbhar is uallaichean na dreuchd. Tha geàrr-chunntas ann gu h-ìosal de na dleastanasan a tha sibh buailteach a bhith coileanadh san dreuchd seo:

1. A' cruthachadh dàimh-obrach shoirbheachail le sgoiltean, oilthighean, seirbheisean foghlaim nan ùghdarrasan ionadail agus ionadan foghlam thidsearan (IFTan).
2. A' toirt comhairle do Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean nàiseanta air ro-innleachdan a thaobh dhreuchdan Gàidhlig agus ag obair còmhla ri Oifigearan Foghlaim bho Ùghdarrasan Ionadail, Roinnean Sgiobachd agus sgoiltean, gus na feumalachdan aca a thaobh tidsearan Gàidhlig a chomharrachadh.
3. A' cur ri agus a' toirt taic do ro-innleachdan is poileasaidhean a' Bhùird airson trusadh thidsearan agus foghlam.
4. Gu gnìomhach a' brosnachadh cothroman teagaisg Gàidhlig agus cothroman dreuchdail Gàidhlig eile co-cheangailte ri teagasg, a' dèanamh sanasachd air FtG aig tachartasan nàiseanta is ionadail.
5. Fo stiùir a' Mhanaidseir Foghlaim bidh sibh a' toirt taic do agus a' cuideachadh le lìbhrigeadh prìomh phròiseactan gus tidsearan a thrusadh a tha buidhnean eile a' cur an gnìomh gus prìomhachasan a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig a thoirt gu buil.
6. A' cuideachadh le bhith a' co-òrdanachadh cho-labhairtean foghlam Gàidhlig agus seiminearan trèanaidh.
7. A' rannsachadh de na cothroman a th' ann gus goireasan sanasachd ùra a chruthachadh/na goireasan a th' ann mu thràth a leasachadh, agus sibh a' dèanamh mholaidhean agus gan cur an gnìomh nuair a gheibh iad aonta.
8. A' comharrachadh chothroman gus sgeamaichean maoinachaidh a' Bhùird a chur gu feum, a' toirt comhairle is taic do luchd-iarrtais mar as iomchaidh.
9. A' cumail rian air, a' gleidheadh, agus ag ùrachadh fiosrachadh air an làrach-lìn airson tidsearan a thrusadh.

Comasan, Eòlas is Teisteanasan

Sgilean	Cho riatanach 's a tha iad
Fileanta ann an Gàidhlig, ga bruidhinn agus ga sgrìobhadh	Riatanach

Eòlas a fhuair sibh ann an dreuchd co-cheangailte ri foghlam no leasachadh na Gàidhlig.	Riatanach
Eòlas air siostaman foghlaim ann an Alba agus gu sònraichte foghlam Gàidhlig.	Riatanach
Eòlas air a bhith a' stiùireadh phròiseactan beaga.	Riatanach
Deagh sgilean conaltraidh, sgrìobhte agus labhairteach, ann an Gàidhlig is Beurla, agus comasach dhuibh conaltradh a dhèanamh ri caochladh dhiofar sheòrsachan daoine.	Riatanach
'S urrainn dhuibh cuspairean a rannsachadh agus a mhion-sgrùdadh, co-dhùnaidhean a dhèanamh agus aithris a dhèanamh air na dh'ionnsaich sibh ann an cruthan iomchaidh do dhiofar luchd-ùidhe.	Riatanach
Comasach dhuibh fianais agus toraidhean sgrùdaidh a chleachdadh gus argamaidean a chur ri chèile agus buaidh a thoirt air luchd-ùidhe.	Riatanach
Comasach dhuibh tomhas math de shiubhal a dhèanamh, agus mar phàirt de sin dh'fhaodte gum bi sibh a' tadhal air sgìrean dùthchail na h-Alba.	Riatanach
Ceum no teisteanas proifeiseanta co-ionann ri sin	Na bhuannachd
Eòlas air a bhith a' stiùireadh phròiseactan a tha gan lìbhrigeadh le grunn bhuidhnean.	Na bhuannachd
Eòlas air a bhith a' cuideachadh le bhith a' dealbh ro-innleachdan is phoileasaidhean.	Na bhuannachd
Cead draibhidh slàn	Na bhuannachd

Fiosrachadh a bharrachd

Fo ur stiùir:	Chan eil duine.
Ìre pàighidh is Tuarastal:	B2: £31,226 - £35,813 Nuair a thòisicheas neach san dreuchd, tòisichidh iad aig a' chiad ìre pàighidh, agus bidh cothrom aig daoine ann an dreuchdan leantainneach air àrdachadh pàighidh gach bliadhna, a rèir phoileasaidhean a' Bhùird.
Cùmhnant:	Dreuchd làn-thìde, leantainneach.

Buannachdan:	Bidh gach neach-obrach le cùmhnant stèidhichte, no cùmhnant sealach a mhaireas 3 mìosan no nas fhaide, a' dol nam ball de Sgeama Peinnsein Comhairle na Gàidhealtachd, mura h-iarr iad gun ballrachd a ghabhail. http://www.highlandpensionfund.org
Àite-obrach:	Tha a h-uile duine an-dràsta ag obair bhon taigh. Faodar bruidhinn air càit am bi an dreuchd seo stèidhichte

Bu chòir tagraichean airson na dreuchd seo cuimhneachadh:

- Feumar sgrùdadh Disclosure Scotland a dhèanamh air neach san dreuchd seo.
- Bidh sibh a' siubhal gu tric san dreuchd seo agus dh'fhaodadh gum feum sibh fuireach an oidhche nuair a tha sibh air falbh.

Tha seo na thuairisgeul air an dreuchd mar a tha i an-dràsta. Tha e na chleachdadh àbhaisteach a bhith ag ath-sgrùdadh thuairisgeulan obrach bho àm gu àm feuch a bheil iad iomchaidh airson na h-obrach mar a tha i aig an àm, agus gus atharraichean a shealltainn a rinneadh no a tha gam moladh.